

1. Connragan Pleasgach

b ~ p

d ~ t

g ~ c

Aig toiseach facail, tha **b**, **d** agus **g** *guthach*.**b**ata**d**athach**g**uthachAnn am meadhan no aig deireadh facail, *chan eil*.ma**b**ach**a**da**g**amAig toiseach facail, tha *iar-analachadh* aig **p**, **t** agus **c**.**p**at**t**àthach**c**uthachAnn am meadhan no aig deireadh facail, tha *ro-* agus *iar-analachadh* aca.ma**p**aichean**a**ta**c**asan**Ach**, chan eil ro-analachadh làidir às dèidh chonnragan fada, ged a tha iar-analachadh ann.rò**p**abà**t**arò**c**aid**Caol is Leathann**Cluinnear /j/ às dèidh chonnragan caola: **be**alach, **pi**uthar, **ce**all, **ge**all, **di**ù, **ti**ugh*Cha chluinnear* /w/ às dèidh chonnragan leathann: **ba**lach, **pù**dar, **ca**ll, **Ga**ll, **du**bh, **tug**hadh‘S ann *deudach* a tha **d** agus **t** leathann, agus chan ann aibheòlach.

Eisimpleirean de na diofaran:

bata ~ **p**at**d**athach ~ **t**àthach**g**uthach ~ **c**uthachma**b** ~ ma**p****a**d ~ **a**ta**g**am ~ a**c**ama**p**a ~ rò**p**aba**t**a ~ bà**t**aso**c**air ~ rò**c**aid

2. l, n, r

Leathann, neo-shèimhichte no sèimhichte, tùsach

l atha	cùlach
n àdar	deudach
r uig	sleamhainn*

* Cluinnear **r** cruaidh (“sàr Albannach”) aig cuid de dhaoine nuair a bhios **r** sèimhichte.

Leathann, singilte, meadhanach/deireannach

b alach	cùlach
b anail	ailbheòlach
b ùrach	cruaidh

Leathann, dùbailte, deireannach no meadhanach *le connrag às an dèidh*. (mar Ghaeilge na Rinne?)

meall ; meall ta	fuaimreag > dà-fhoghar
ceann ; ceann saich	fuaimreag > dà-fhoghar
bàrr (barr)	fuaimreag > fuaimreag fhada

Leathann, dùbailte, deireannach no meadhanach *le fuaimreag às an dèidh*

meall adh	fuaimreag ghoirid
ceann nach	fuaimreag ghoirid
barr aichte	fuaimreag ghoirid

Caol, neo-shèimhichte, tùsach

leab har	/j/ às a dhèidh
neò nach	/j/ às a dhèidh
rèi dh	sleamhainn

Caol, sèimhichte, tùsach

mo leab har	ailbheòlach, /j/ air falbh
glè neò nach	ailbheòlach, /j/ air falbh
ro rèi dh	sleamhainn

Caol, singilte, deireannach no meadhanach

càil	ailbheòlach
càin eadh	/j/ às a dhèidh
cuir eadh	mar /ð/ no sleamhainn

Caol, dùbailte, deireannach no meadhanach

cail each	/j/ romhpa agus às an dèidh. Tha L gu math lag.
bainn se	/j/ romhpa agus às an dèidh. Tha N gu math lag.
rr caol	cruaidh? sleamhainn?

3. m

Deireannach no meadhanach *le connrag às a dhèidh*

cam	fuaimreag > dà-fhoghar
lampa	fuaimreag > dà-fhoghar
trom	fuaimreag > dà-fhoghar
cum	u goirid > u fada

Meadhanach *le fuaimreag às a dhèidh*

cumail	ciad fhuaimreag goirid
lomadh	ciad fhuaimreag goirid
camach	ciad fhuaimreag goirid

4. Svarabhakti

Tha an dàrna fuaimreag a cheart cho làidir, soilleir ris a' chiad tè, agus ann an cuid de dhualchainntean, nas làidire, m.e.

balbh (balabh)
bhailbh (bheileibh)
garbh (garabh)
arm (aram)
airm (erem)
gorm (gorom)
Alba (Alaba)
cirb (cirib)
salm (salam)
sailm (saileim)
dorcha (dorocha)

Tha Svarabhakti le **u** nas laige na leis na fuaimreagan eile, m.e.

culm (culəm)
guirme (guirime)

5. rs & rd/rt

Tha **rs** còmhla mar aon fhuaim, car coltach ri /ʳʃ/ no ri ř ann an Teacais ach neo-ghuthach. Tha an aon fhuaim aig **rs** ann an Nirribhis.

Tha **rd** mar /ʳzd/ no řd ann an Teacais. Ann an Uibhist a Deas canar /zd/.

Tha **rt** mar /ʳʃt/ no řt ann an Teacais. Ann an Uibhist a Deas canar /st/.

6. *adh & ao*

Tha na fuaimreagan seo fada ma tha iad ann an lide air a bheil cuideam. Tha **ao** cumanta, ach chan eil **adh** cho cumanta idir. Tha **-adh** aig deireadh facail goirid.

Tha **ao** mar **ù** ach leis na bilean sgaoilte. 'S dòcha mar /u:/, m.e. aon, caol, saoghal.
Tha **adh** + connrag air a ràdh ann an cùl a' bheòil mar /ə:/, m.e. adhradh, ladhar, adhbhar.

Aig deireadh facail, tha **-adh** goirid, m.e. adhradh, dhèanadh, frithealadh, agus cluinnear **dh**.

7. *eu*

Mar as trice tha seo co-ionnan ri **ia** no **èa** /ia/, ach nuair a bhios e ro **m** 's e **é** a th' ann, m.e. beul, leud, sgreuch, ach Seumas, ceum, beum.

Tha facail eile ann far a bheil **eu** a' riochdachadh **é**, m.e. **beud**, **seud**, ach chan eil iad seo cumanta.

8. *ua*

Cluinnear an dà fhuaimreig an seo, agus chan eil **ua** co-ionnan ri **ù** idir. Tha **tuasail** eadar-dhealaichte ri **tùsail**.

9. *-an, -as*

Chan eil dòigh ann an litreachadh na Gàidhlig air an diofar a shealltainn eadar **clachan** /klaxən/, (còrr is dà chloich) agus **clachan** /klaxan/ (baile far a bheil eaglais). Cha bhi a' Ghàidhlig a' cleachdadh sràc air lide gun cuideam.

Mar an ceudna, chan eil e soilleir ciamar a bu chòir **as** fhuaimneachadh ann am facail mar **nàiseantas**, **tinneas**, **urras** is **stòras**.